



Stiùireadh airson a bhith a' dèanamh tagradh don prhp fo earrann 22(1) de Achd Taigheadais na h-Alba 2006

Feumaidh tagradh a bhith air a dhèanamh ann an sgrìobhadh don **prhp** (*private rented housing panel, prhp*) fo earrann 22(1) de Achd Taigheadais na h-Alba 2006 airson dearbhadh co-dhiùbh a tha an t-uachdaran agad air fàilligeadh san dleastanas aige gus coinneachadh ris an Ìre Càraidh. Tha am foirm tagraidh **prhp (prhp1)** ga do stiùireadh tron fhiosrachadh a dh'fheumas tu a thoirt seachad. Mura toir thu seachad am fiosrachadh uile a tha air iarraidh ann am paragraf 3 de Riaghailtean Pannal an Taigheadais Fhastachte Phrìobhaidich (Tagraidhean agus Dearbhaidhean) (Alba) 2007, cha bhi e comasach dhuinn an tagradh agad a chur troimhe.

Feumaidh an tagradh agad a bhith air a dhèanamh sa Bheurla, no feumaidh eadar-theangachadh barrantaichte a bhith na chois.

Bu chòir am foirm a lionadh ann an inc dhubh agus litrichean mòra, a' cur tiog anns na bogsaichean freagarrach a tha a' buntainn.

Thèid lethbhreac den tagradh agad a chur chun an uachdarain agad.

1. Mion-fhiosrachadh mun neach-gabhail

Cuir d' ainm agus am fiosrachadh seòlaidh don earrainn seo mar a thathar ag iarraidh.

Chan fheum thu àireamh fòn no seòladh emeil a thoirt seachad, ach thathar a' comhairleachadh dhut seo a dhèanamh. Tha am fiosrachadh seo a' toirt comas dhuinn fios a chur thugad ann an cabhaig ma dh'fheumas sinn.

2. Mion-fhiosrachadh mun riochdaire agad a tha gad chuideachadh leis an tagradh seo

Faodaidh tu fhèin dèiligeadh ris a' chùis agad no faodaidh tu iarraidh air cuideigin eile do riochdachadh. Ach ma phàigheas tu cuideigin airson do riochdachadh, bi mothachail nach faigh thu na cosgaisean sin air ais fiù's ged a bhiodh an tagradh agad soirbheachail.

Ma tha thu an dùil gun riochdaich cuideigin eile thu san tagradh agad, thoir mion-fhiosrachadh slàn mun neach a bhios ag obair às do leth.

2.g Ma tha thu a' comharrachadh "tha" don cheist seo, thèid litrichean uile bho seo a-mach a chur chun an riochdaire ainmichte agad seach thugad fhèin. Mura h-eil thu airson 's gun tachair seo, bu chòir dhut "chan eil" a chomharrachadh.

Aig àm sam bith, mura h-eil thu airson a bhith air do riochdachadh tuilleadh, no ma dh'atharraicheas tu an riochdaire agad, feumaidh tu fios a chur thugainn ann an sgrìobhadh sa bhad, a' toirt seachad ainm agus seòladh riochdaire ùir sam bith. Feumaidh tu cuideachd fios a chur chun an uachdarain agad. An uair a gheibh sinn am brath agad, cuiridh sinn litrichean uile san àm ri teachd dìreach thugad fhèin no gu do riochdaire ùr ma tha fear agad.

3. Mion-fhiosrachadh mun uachdaran agad

Thoir seachad nas urrainn dhut de dh'fhiosrachadh mun uachdaran agad san earrainn seo.

3b. Mura h-eil ainm an uachdarain agad seach gu bheil thu a' fastadh an àite-fuirich bho bhuidheann-fastaidh no bho threas pàrtaidh eile, thoir ainm agus seòladh na buidhne sin no na threas pàrtaidh sin.

4. Mion-fhiosrachadh mun ghearan agad

Chan urrainn don prhp gabhail ris an tagradh agad mura h-eil thu air innse don uachdaran agad gum feum an obair a tha air ainmeachadh san tagradh a bhith air a dhèanamh. Chan eil an t-uachdaran fo dhleastanas gèilleadh ris an ìre càraidh ach an uair a tha fios aige gu bheil feum air an obair. Mus dèan thu tagradh don **prhp feumaidh** tu a bhith air brath a thoirt don uachdaran agad, ag innse dha no dhi gum feum an obair a tha air a sònrachadh san tagradh a bhith air a dhèanamh.

4a. Thoir seachad lethbhreac den chùmhnannt-fastaidh, den aonta-gabhail no den leabhar màil agad. Cumaidh sinn na sgrìobhainnean seo gus an tèid co-dhùnadh deireannach a ruigsinn. Thèid an tilleadh thugad as dèidh don chùis agad a bhith air a thoirt gu crìch. Mura h-urrainn dhut na sgrìobhainnean seo a thoirt seachad, thoir dhuinn nas urrainn dhut de dh'fhiosrachadh mun ghabhail agad air pìos pàipeir fa leth. Cuir an t-ainm agus an seòladh agad air bàrr na duilleige airson 's gum bi e furasta aithneachadh mar phàirt den tagradh agad.

4b. Nuair a tha thu a' cur a-steach an tagraidh agad, feumaidh tu fianais a thoirt seachad gus sealltainn gu bheil thu air fios a thoirt don uachdaran agad gu bheil feum air an obair a shònraich thu san tagradh agad. Dh'fhaodadh seo a bhith na lethbhreac de litir eadar thu fhèin agus an t-uachdaran agad a' buntainn ris a' ghnòthach càraidh. Nuair a tha thu a' sgrìobhadh chun an uachdarain agad, tha e glic lethbhreac den litir agad a chumail agus a cur tron phost le **Libhrigeadh Clàraichte**. Faodaidh tu an uair sin an lethbhreac den litir agad a thoirt seachad agus an teisteanas clàraidh mar dhearbhadh gun deach brath a thoirt seachad.

Gus gèilleadh ris an dleastanas, feumaidh an t-uachdaran obair riatanach sam bith a dhèanamh taobh a-staigh ùine reusanta. Tha ciall 'ùine reusanta' a rèir an t-seòrsa obrach a tha a dhìth.

4c. Cuir tiog don bhogsa / do na bogsaichean as fheàrr a tha ag innse mun cheist / mu na ceistean càraidh agad. Faodaidh tu tiog a chur anns gach bogsa a tha a' buntainn. Feumaidh tu fiosrachadh mionaideach a thoirt sa bheàrn a tha air a thoirt seachad a thaobh na dòigh sa bheil an t-uachdaran agad air fàilligeadh gus coinneachadh ris an ìre càraidh. Ma dh'fheumas tu, faodaidh tu leantainn air duilleag pàipeir eile. Ma nì thu seo, cuir an t-ainm agus an seòladh agad aig mullach a' phàipeir airson 's gum bi e furasta aitheachadh mar phàirt den tagradh agad.

5. Nàdar na h-obrach a tha a dhìth

Ann an earrainn 5, innis dhuinn mun obair a tha thu an dùil a tha a dhìth gus an t-aitreabh agad a thoirt suas gu ìre càraidh, a' toirt seachad nas urrainn dhut de dh'fhiosrachadh. Thoir seachad mion-fhiosrachadh mun trioblaid, agus innis dhuinn mar a tha i a' toirt buaidh air mar a tha thu beò. Ma tha an trioblaid a' toirt buaidh air do shlàinte, innis dhuinn mun a-sin cuideachd, agus, mas urrainn dhut, cuir fianais air a-sin an cois an fhoirm, m.e. litir bhon dotair teaghaich agad.

6. Eadar-mheadhan

Tha cumhachd aig a' Cheann-Suidhe gus maill a chur ann a bhith a' cur na cùise air adhart gu **prhc** (Comataidh) far a bheil "dùil reusanta ann gun rèitich na compàirtich an deasbad". Dh'fhaoidte gum bi seo iomchaidh, mar eisimpleir, ma bha cion-tuigse sìmplidh ann a dh'fhaodadh a bhith air a rèiteach.

Tabhainnidh am **prhp** roghainn an eadar-mheadhain cuideachd. Tha an t-eadar-mheadhan na dhòigh air aimhreit a rèiteach gu neo-fhoirmeil a bheir cothrom do na compàirtich co-dhùnadh a ruigsinn a tha a' freagairt air an dithis aca le cuideachadh bho eadar-mheadhanair ionnsaichte. Tha an t-eadar-mheadhan pragtaigeach, diomhair, luath agus an-asgaidh. Tha mòran dhaoine a' faotainn an eadar-mheadhain na dhòigh nas socaire gus aimhreit a rèiteach na bhith a' dol air adhart gu èisteachd. Nach gabh thu beagan ùine gus an stiùireadh aig **prhp** mu eadar-mheadhan a leughadh, oir tha e a' toirt barrachd mìneachaidh air a' phròiseas. Ma chanas tu gu bheil thu airson a dhol gu eadar-mheadhan, cuiridh sinn fios chun an uachdarain agad gus foighneachd co-dhùibh a tha e ag aontachadh. Cha tèid eadar-mheadhan air adhart mura h-eil an dà thaobh ag aontachadh ris.

Ma thèid an t-eadar-mheadhan air adhart, ach mura tèid a' chùis a rèiteach, thèid an tagradh a chur air adhart gu Comataidh dìreach mar nach robh an t-eadar-mheadhan air tachairt idir.

7. Ainm-sgrìobhte

Crìochnaich an dearbhadh a rèir an stiùiridh, a' cuimhneachadh gun cuir thu na chois na sgrìobhainnean a thathar ag iarraidh ann an earrainn 4. Comharraich gu bheil thu air am fiosrachadh seo a chur a-steach còmhla ris an tagradh agad le bhith a' cur tiog sna bogsaichean.